

A bhith nad Neach-fhianais Dol don Chùirt

Leabhran do dh'inbhich a tha nan luchd-fhianais ann an cùisean-cùirte eucoir agus cùisean-cùirte èisteachd cloinne

Faodar tuilleadh lethbhreacan den leabhran seo iarraidh ann an riochd claidinn, clò-sgrìobhadh mòr agus cànanan coimhearsnachd.
Fònaig 0131 244 2213.

9 780755 948963
ISBN 0-7559-4896-3

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2006

Gheibhear an sgrìobhainn seo cuideachd air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba:

www.scotland.gov.uk

Astron B44303 04/06 (Gaelic)

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho

Blackwell's Bookshop
53 Drochaid a-Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdughan fòn agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdughan facs
0131 557 8149

Òrdughan puist-d
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach den tùs-sgrìobhainn.

www.scotland.gov.uk

A bhith nad Neach-fhianais Dol don Chùirt

Leabhran do dh'inbhich a tha nan luchd-fhianais ann an cùisean-cùirte eucoir agus cùisean-cùirte èisteachd cloinne

Thugadh na dealbhan san leabhran seo bho CD-Rom Riaghaltas na h-Alba 'Being a Witness' – stiùireadh do chloinn agus inbhich so-leònte a tha nan luchd-fhianais.

Mòran taing don h-uile duine a bha an sàs ann.

Clàr-innse

| | |
|---|----|
| Ro-ràdh | 2 |
| Dè a th' ann an neach-fhianais? | 3 |
| Dè an taic agus an cuideachadh a gheibh thu mar neach-fhianais? | 5 |
| Turas aithneachaidh air a' chùirt | 10 |
| Cùirtean agus gnothaichean na cùirte | 11 |
| Cò a bhios anns a' chùirt agus dè an obair a th' aca? | 13 |
| Mar a bhios cùis-chùirte ga deasachadh? | 17 |
| Ceann-latha na cùirte | 19 |
| A' deasachadh airson na cùirte – na dh'fheumas tu a dhèanamh | 20 |
| Air latha na cùise-cùirte | 22 |
| A' feitheamh | 23 |
| Aithneachadh | 25 |
| A' toirt na fianais agad seachad | 26 |
| As dèidh dhut an fhianais agad a thoirt seachad | 30 |
| Deireadh na cùise-cùirte | 31 |
| Cuideachadh eile a tha ri fhaighinn | 33 |
| Ceistean no beachdan eile | 35 |
| Rudan a bu chòir cuimhneachadh orra | 36 |
| Ainmean agus àireamhan feumail | 37 |
| Beag-fhaclair | 38 |

Ro-ràdh

Tha an leabhran seo do dh'inbhidh a dh'fhaodadh gairm fhaighinn gus fianais a thoirt seachad ann an cùis-chùirte.

Ann an cùis-chùirte eucoir, is dòcha gun toir luchd-fianais fiosrachadh anabarrach cudromach seachad air eucoir a dh'fhaodadh a bhith air tachairt.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, is dòcha gum bi fiosrachadh cudromach aig luchd-fianais mu mhath leanaibh.

Chan eil e furasta do dhuine sam bith rud a dhèanamh airson a' chiad uair agus is dòcha gum bi thu iomagaineach mu a bhith nad neach-fhianais.

Gheibh thu freagairt do chuid de na ceistean agad bhon leabhran seo agus beagan tuigse air na bhios a' tachairt ann an cùirt.

Innsidh an leabhran seo cuideachd cò is urrainn do chuideachadh agus dè an taic a gheibh thu nad neach-fhianais.

Lorgaidh tu beag-fhaclair aig deireadh an leabhraing le cuid de na faclan a chleachdar ann an cùirt.

Dè a th' ann an neach- fianais?

Tha obair an neach-fhianais air leth cudromach, ge bith a bheil e/i ann an cùis-chùirte eucoir no ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne.

Mas e neach-fianais a th' annad, is dòcha:

- ✧ gun do dh'fhuiling thu eucoir;
- ✧ gum faca no gum cuala tu rudeigin a bhuineas ri eucoir;
- ✧ gu bheil fiosrachadh agad mu neach a tha fo chasaid eucoir; no
- ✧ gu bheil buntainneas air choireigin agad ri cùis-chùirte èisteachd cloinne.

Tha an obair a th' aig luchd-fianais ann a bhith a' toirt fiosrachadh don chùirt air leth cudromach. Is e fianais an t-ainm a th' air an fhiosrachadh seo. Feumaidh cùirt fianais bho luchd-fianais airson beachd fhaighinn air na thachair agus breith (no co-dhùnadh) a ruigsinn air a' chùis.

Dol don Chùirt

Is dòcha gun tug thu fiosrachadh seachad mar-thà ann an aithris don phoileas no do neach-lagha.

Tha triuir dhaoine ann a dh'fhaodadh iarraidh ort a bhith nad neach-fhianais (is e 'gairm' an t-ainm foirmeil airson seo):

- ✦ Neach-casaid a' chrùin (am fioscail no neach-lagha na casaid)
- ✦ Neach-lagha an dìona no neach-lagha eile
- ✦ An neach-aithris do phanail na cloinne.

Tha luchd-fhianais glè chudromach. Bidh iad ag innse na firinne don chùirt mu na tha fios aca.

Chan urrainn do na cùirtean obair gu soirbheachail as aonais luchd-fhianais mar thu fhèin.

Dè an taic agus an cuideachadh a gheibh thu mar neach-fhianais?

Tha mòran dhaoine agus bhuidhnean ann a bheir fiosrachadh dhut mu ghnòthach na cùirte agus an taic a tha ri faighinn airson gum bi thu nas deiseil airson fianais a thoirt seachad.

Uaireannan tha e na chuideachadh ma bhruidhneas tu ri caraidean agus càirdean. Tha mòran dhaoine eile ann a chuidicheas tu cuideachd:

✦ **Taic Luchd-fhulaing na h-Alba (VSS):** Faodaidh luchd-obrach agus saor-thoilich anns a' choimhearsnachd cuideachadh a thoirt seachad do luchd-fulaing agus an teaghlaichean, agus do chuid de luchd-fhianais cuideachd, fiù mura bi cùis-chùirte ann. Faodaidh iad tadhal ort aig an taigh no dh'fhaodadh sibh coinneachadh ann an

oifis sgireil VSS. Ma thèid a' chùis gu cùirt, bidh VSS ag obair gu dlùth leis an t-Seirbheis Luchd-fhulaing a tha stèidhichte sa chùirt.

✦ **Seirbheis an Luchd-fhulaing:** Seo seirbheis a bhios Taic Luchd-fhulaing na h-Alba a' libhrigeadh anns a h-uile Àrd-chùirt agus cùirt siorraim ann an Alba. Tha an luchd-obrach agus na saor-thoilich ann airson cuideachadh agus taic a thoirt don h-uile neach-fhianais agus an teaghlaichean a tha an lùib cùis eucoir nuair a thèid iad don chùirt. Is dòcha gu robh thu a' bruidhinn ri cuideigin bho Sheirbheis an Luchd-fhulaing air a' fòn no is dòcha gun do choinnich thu riutha ma thadhail thu air a' chùirt mus do thòisich a' chùis-chùirte.

Dol don Chùirt

✧ **Am poileas:** Ma rinn thu aithris don phoileas, is dòcha gun urrainn dhaibhsan do chuideachadh a' faighinn a-mach dè a tha a' tachairt agus feuchaidh iad ris na ceistean agad a fhreagairt. Bidh am poileas an làthair anns a h-uile cùirt airson sàbhailteachd a' phobaill a dh'ion agus bheir iad sùil gheur air aithris sam bith gun deach bagairt a dhèanamh.

✧ **Neach-casaid a' chrùin:** Ma bhios cùis-chùirte ann agus ma cho-dhùineas an neach-casaid do ghairm mar neach-fhianais, cuiridh iad litir thugad mun chùis-chùirte agus bileag ag innse dè thachras. Uaireannan, bidh tu air bruidhinn ris an neach-chasaid mar-thà nuair a cheasnaich iad thu mun fhianais agad.

✧ **Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fhulaing (VIA):** Bidh daoine bho VIA ag obair còmhla ri neach-casaid a' chrùin airson fiosrachadh agus comhairle a thoirt don mhòr-chuid de dhaoine a dh'fhuing eucoir agus cuid luchd-fhianais eucoir ann an cùisean lagha àraidh. Chan fhaod ach neach-casaid a' chrùin cuideigin a

stìùireadh do VIA. Ma tha VIA an lùib do chùise is dòcha gu bheil iad air litir agus bileagan a chur thugad mar-thà mu ghnòthach na cùirte agus feuchaidh iad ris na ceistean agad a fhreagairt mu dè a tha a' tachairt.

✧ **Neach-lagha:** Mas e neach-dìona a tha gad ghairm mar neach-fhianais, bu chòir dhut faighneachd dhaibh mu dheidhinn ghnòthach na cùirte. Freagraidh iadsan do cheistean agus cuiridh iad taic air dòigh dhut.

✧ **Neach-aithris na cloinne:** Is mathaid gu bheil thu air bruidhinn ri neach-aithris na cloinne mar-thà nuair a dh'iarr iad ort a bhith nad neach-fhianais. Freagraidh iadsan do cheistean agus cuiridh iad taic air dòigh dhut.

✧ **Neach-obrach sòisealta:** Bidh luchd-obrach sòisealta a' cuideachadh dhaoine a dh'fheumas taic a bharrachd no sùil a chumail orra. Is dòcha gu bheil iad air fios a chur thugad mar-thà. Èistidh iadsan

riut agus feuchaidh iad ri taic a chur air dòigh air do shon.

✧ **Buidheann shaor-thoileach:** Is dòcha gu bheil thu air bruidhinn ri buidheann taice eile leithid Scottish Women's Aid, Rape Crisis, Age Concern, agus eile.

Faodaidh e a bhith feumail bruidhinn ri cuideigin a thuigeas dè a bhios ga shùileachadh bhut mar neach-fhianais agus cò ris a tha gnothach na cùirte coltach.

Tha duilleag aig deireadh an leabhraìn seo airson ainmean agus àireamhan fòn nan daoine agus nam buidhnean a tha gad chuideachadh a sgrìobhadh.

Dh'fhaodadh gu bheil na rudan eile seo a' cur iomagain ort:

An coinnich mi ris an neach fo chasaid no daoine eile co-cheangailte ris a' chùis?

Ann an cùisean eucoir, ma tha thu gu sònraichte iomagaineach mu dhol a-steach don taigh-chùirte no feitheamh anns an aon àite ri neach àraidh eile, is dòcha gum faodadh cuideigin do choinneachadh aig an taigh-chùirte.

Is dòcha gun cuireadh Seirbheis an Luchd-fhulaing, oifigeach cùirte no cuideigin bho VIA seo air dòigh. Is dòcha gum faigheadh tu air feitheamh ann an rùm air falbh bhon an luchd-fhianais eile. Ach, chan urrainnear a ghealltainn nach coinnich thu ri daoine co-cheangailte ris a' chùis.

Ann an cùis-cùirte èisteachd cloinne, bheir an neach-aithris aire do dhragh sam bith a th' air neach-fhianais agus ma thig feum air, cleachdaidh iad rumannan-feitheimh air leth gus nach tig air neach-fhianais coinneachadh ri daoine eile an sàs sa chùis.

Am faod muinntir a' phobail èisteachd ris an fhianais agam?

Ann an cùisean eucoir is àbhaist don chùirt fuireach fosgailte agus faodaidh duine sam bith suidhe anns a' ghaileiridh phoblach aig cùl an t-seòmair-chùirte agus èisteachd ris an fhianais a tha ga toirt seachad, mura h-e neach-fhianais a th' anna nach tug seachad an fhianais aca fhèin fhathast.

Ach, chan eil e às an àbhaist a' chùirt a dhùnadh don phoball nuair a tha cuideigin a' toirt seachad fianais gun do dh'fhuiling iad eucoir feise. Dh'fhaodadh a' chùirt dùnadh airson luchd-fhianais eile cuideachd, mar eisimpleir ma tha e buailteach gun tèid bagairt orra no ma tha an fhianais gu sònraichte èiginneach.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, tha còir aig cuid de dhaoine co-cheangailte ris a' chùis a bhith an làthair.

Chan fhaigh duine sam bith eile a-steach ach le cead an t-siorraim.

Bu chòir dhut innse don phoileas no oifigeach cùirte ma bha duine sam bith a' bagairt ort mus do thòisich a' chùis-chùirte no nuair a tha i a' dol air adhart.

Dè mura h-e Beurla mo chiad chànan?

Is dòcha gum bi feum agad air eadar-theangair. Ged a bhiodh beagan Beurla agad dh'fhaodadh e a bhith duilich cuid de na faclan a thuigsinn. Faodaidh an neach a ghairm thu mar neach-fhianais eadar-theangair a chur air dòigh dhut. Bidh iad ag obair leis a' chùirt gus am faigh thu an cuideachadh a tha a dhìth ort tron chùis-chùirte no gnothach cùirte sam bith eile.

Dè ma tha ciorram orm?

Ma tha ciorram ort no duilgheadas conaltraidh agad no feuman sònraichte eile, innis don neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

(an neach a dh'iarr ort a thighinn don chùirt). Tha goireasan aig a' mhòr-chuid de chùirtean airson luchd-fianais le trioblaidean gluasaid a chuideachadh. Gheibhear a-steach don mhòr-chuid de chùirtean le cathair-chuibhle agus tha 'siosam loop' aig mòran airson daoine bodhar. Tha e cudromach gun innis thu don neach a ghairm thu mar neach-fianais mu rud sam bith air nach eil thu cinnteach no ma tha feuman a bharrachd agad no càil eile a tha a' cur dragh ort.

Is dòcha gum beachdaich a' chùirt gu bheil neach-fianais gu sònraichte so-leònte mas e 's gun tèid an fhianais aca a mhilleadh air sgàth lochd inntinn no an t-eagal no èiginn a dh'adhbhraicheadh e dhaibh a bhith a' toirt seachad fianais.

Tha lochd inntinn a' gabhail a-steach tinneas inntinn no duilgheadas ionnsachaidh. Faodar eagal no èiginn èirigh bho iomadh adhbhar.

Ma shaoileas tusa gur e neach-fianais so-leònte a th' annad, bruidhinn ris an neach a ghairm thu (neach-casaid a' chrùin, neach-aithris cloinne no neach-lagha sa chùis). Bruidhnidh iadsan riut mun t-suidheachadh agad agus dè cho iomchaidh 's a bhiodh e iarraidh air a' chùirt uidheamachadh sònraichte a chur air dòigh dhut nuair a tha thu a' toirt seachad fianais. Innsidh iad dhut na rudan air am feum a' chùirt beachdachadh agus bheir iad leabhran eile dhut airson luchd-fianais so-leònte air a bheil 'A Bhith nad Fhianais – Uidheamachadh Sònraichte'.

Turas aithneachaidh air a' chùirt

Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine nas dòigheil mu fhianais a thoirt seachad nuair a bhios beachd aca air dè tha romhpa agus ma tha iad air tadhal air a' chùirt ro làimh.

Faodaidh VIA, neach-aithris na cloinne no neach-lagha dìona turas don chùirt a chur air dòigh.

Bidh Seirbheis an Luchd-fhulaing tric a' cur thurasan aithneachaidh air dòigh don chùirt agus do rùm ceangail-telebhisein sam bith airson luchd-fianais a tha iomagaineach a chur air an socair le suidheachadh agus gnothach na cùirte. Faodaidh buidhnean taice eile cuideachadh le seo cuideachd.

Is dòcha gum b' fheàrr leat coimhead air seòmar-cùirte air CD-Rom. Bidh fiosrachadh air seo cuideachd mu uidheamachadh sònraichte do luchd-fianais so-leònte agus ciamar a thèid an cleachdadh.

Faodaidh tu iarraidh air an neach a ghairm thu mar neach-fianais an CD-Rom a shealltainn dhut agus turas don t-seòmar-chùirte fhèin a chur air dòigh.

Cùirtean agus gnothaichean na cùirte

Tha cùirtean air feadh na h-Alba agus bidh iad a' dèiligeadh ri iomadh seòrsa cùise.

Gnothaichean cùirt eucoir:

✦ Gnothaichean sòlamaichte

Is iad seo na cùisean airson nan eucoirean as miosa agus is e diùraidh a bhios a' beachdachadh orra. Bidh iad a' tachairt anns an Àrd-chùirt agus ann an cùirt an t-siorraim.

✦ Geàrr-ghnothaichean

Seo na cùisean eucoir far nach bi diùraidh ann idir. Bidh siorram no magistrate a' beachdachadh orra. Bidh na cùisean seo a' tachairt ann an cùirt an t-siorraim no anns a' chùirt sgìreil.

Anns a h-uile cùis eucoir, bidh am brìtheamh, no an diùraidh ma tha fear ann, ag èisteachd ris an fhianais gu lèir agus a' breithneachadh air co dhiubh a tha an neach fo chasaid ciontach no nach eil. Ma tha an neach fo chasaid ga fhaighinn ciontach, co-dhùinidh am brìtheamh, siorram no magistrate air binn no ceannsachadh sam bith.

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh mu na gnothaichean cùirte seo ann am bileagan VIA (faic www.crownoffice.gov.uk) no bhon neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Gnothaichean cùirte èisteachdan cloinne

Chan eil na gnothaichean seo idir cho foirmeil. Bidh cùis-chùirte èisteachd cloinne a' tachairt ann an cùirt an t-siorraim, ach uaireannan ann an rùm beag anns an taigh-chùirte. Cha bhi muinntir a' phobaill an làthair, mura toir an siorram cead dhaibh. Cha bhi diùraidh ann agus is e an siorram a bhreithnicheas an còmhnaidh.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, èistidh an siorram ris an fhianais gu lèir agus breithnichidh e/i an do thachair càil no an deach dragh mu leanabh a dhearbhadh.

Ma dh'aontaicheas an siorram ri cùis neach-aithris na cloinne, thèid a' chùis air ais don èisteachd cloinne a dh'fhaicinn de an cuideachadh a tha a dhìth air an leanabh. Chan e an siorram a chodhùineas dè a bu chòir tachairt; is e an èisteachd cloinne a nì seo.

Air sgàth 's gu bheil na cùisean seo a' buntainn ri clann, mura do dh'fhuiling thu fhèin coire ri dhearbhadh an aghaidh leanabha, is dòcha nach cluinn thu dè a' bhuil a bh' ann aig a' cheann thall.

Cò a bhios anns a' chùirt agus dè an obair a th' aca?

Ann an gnothaichean cùirt eucoir

✧ **Am bhrìtheamh no siorram:** Is e eòlaiche lagha a th' anns a' bhrìtheamh no siorram a tha os cionn gnothach na cùirte gu lèir. Nì iad cinnteach gum bi a h-uile càil cothromach a rèir an lagha agus gu bheil riaghailtean agus dòighean-obrach na cùirte gan leantainn. Tha e cuideachd mar dhleastanas orra math nan daoine a tha an sàs sa chùis a dhìon, a' gabhail a-steach luchd-fhianais.

✧ **neach-casaid a' chrùin no leas-neach-tagraidh:** Is e seo neach-lagha na casaid agus is dòcha gur b'è esan/ise a dh'iarr ort a bhith nad neach-fhianais ann an cùis-chùirte eucoir. Bidh neach-casaid a' chrùin no leas-neach-tagraidh a' cur na cùise an aghaidh an neach fo chasaid. Is ann air an luchd-casaid a tha 'uallach an dearbhaidh' a' laighe. Tha seo a'

ciallachadh gu feum iad dearbhadh 'thar teagamh reusanta' gu bheil an neach fo chasaid ciontach. Cuiridh iad ceistean air luchd-fhianais sa chùirt gus an urrainn don luchd-fhianais an fhianais aca a thoirt seachad anns na freagairtean aca.

✧ **Luchd-lagha an dìona:** Bidh luchd-lagha no luchd-tagraidh an dìona ag obair as leth an neach fo chasaid agus nì iad sgrùdadh air an fhianais a tha an luchd-casaid a' taisbeanadh agus seasaidh iad taobh an neach fo chasaid sa chùirt. Feumaidh iad cor an neach fo chasaid a sheasamh an còmhnaidh. Ma tha barrachd air aon neach fo chasaid bidh barrachd air aon neach-lagha dìona sa chùirt agus faodaidh gach fear no tè aca ceistean a chur air neach-fhianais mun fhianais a thug iad seachad. Uaireannan is e neach-lagha an dìona a dh'iarras air neach a bhith na neach-fhianais.

❖ **Diùraidh:** Ann an cuid de chùisean, is e an diùraidh a cho-dhùineas an deach an lagh a bhriseadh. Ann an Alba tha 15 neach air diùraidh. Is e muinntir a' phobaill a th' anna aig nach eil eòlas sam bith mun chùis mus tòisich e. Èistidh iad ris an fhianais agus co-dhùinidh iad an deach a' chùis an aghaidh an neach fo chasaid a dhearbhadh 'thar teagamh reusanta'.

❖ **Clàrc na cùirte:** Seo an neach a chuidicheas am britheamh agus a chumas pàipearan agus clàran na cùirte.

❖ **Oifigeach na cùirte:** Bidh an neach seo a' cuideachadh sa chùirt agus ag innse don luchd-fianais cuin a dh'fheumas iadsan a thighinn a-steach a thoirt fianais seachad. Bidh iad cuideachd a' sealltainn piosan fianais don neach-fhianais leithid aodaich, dealbhan no eile.

❖ **An neach fo chasaid:** Seo an neach a tha fo chasaid eucoir.

❖ **Poileas na cùirte no oifigich tèarainteachd:** Ni iadsan cinnteach gu bheil a h-uile duine modhail agus sàbhailte.

❖ **Am poball:** Mar as trice tha cùirtean eucoir fosgailte don mhòr-shluagh. Faodaidh muinntir a' phobaill, nas sine na 14, suidhe anns an raon phoblach a' coimhead agus ag èisteachd ris an luchd-fhianais agus an luchd-lagha. Ach, uaireannan, thèid seòmar na cùirte a dhùnadh don phoball.

Chan eil muinntir nam meadhanan glaiste bho chùirt sam bith, fiù ma tha i dùinte don phoball. Ma tha na meadhanan ag aithris air cùis chan innis iad ainm neach a dh'fhuiling eucoir feise.

Gnothaichean cùirte èisteachdan cloinne

✧ **An siorram:** Tha an siorram na (h-) eòlaiche lagha agus tha e/i os cionn gnothaichean na cùirte gu lèir. Nì e/i cinnteach gum bi a h-uile càil cothromach a rèir an lagha agus gu bheil riaghailtean agus dòighean-obrach na cùirte gan leantainn. Tha e cuideachd mar dhleastanas orra math nan daoine a tha an sàs sa chùis a dh'ion, a' gabhail a-steach luchd-fhianais.

✧ **Neach-aithris na cloinne:** Seo an neach a thaisbeanas cùis-chùirte

èisteachd cloinne agus is dòcha gur e esan/ise a dh'iarr ort a bhith nad neach-fhianais. Cuiridh iad na ceistean sa chùirt gus am faigh an luchd-fhianais air an fhianais aca a thoirt seachad. Tha iad a' coimhead as dèidh math an leanuibh ach chan eil iad a' riochdachadh an leanuibh.

✧ **Dionadair:** Is e an dìonadair neach neo-eisimeileach a dh'fhaodadh a bhith air ainmeachadh airson math leanuibh a dh'ion. Uaireannan bidh iad an làthair ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne agus bidh iad a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil rud sam bith a thèid a cho-dhùnadh gu math an leanuibh.

✧ **Daoine eile le dlùth-cheangal ris a' ghnothach:** Tha seo a' gabhail a-steach an leanabh, an teaghlach no neach sam bith eile an lùib cùis an leanabh agus tha e glè choltach gum bi iad san t-seòmar-chùirte.

✧ **Luchd-lagha eile:** Is dòcha gum bi luchd-lagha eile san t-seòmar-chùirte a' seasamh cor dhaoine eile le dlùth-cheangal ris a' chùis. Faodaidh iad

ceistean fhaighneachd mu fhianais an luchd-fhianais. Is dòcha gur e an neach-lagha a dh'iarr ort a bhith nad neach-fhianais.

Chan fhaod am poball no na meadhanan a bhith an làthair ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne mura faigh iad cead an t-siorraim. Mar as trice cha bhi muinntir a' phobail no na meadhanan ann idir.

Mar a tha cùis-chùirte ga deasachadh

Gnothaichean cùirte eucoir

Thig neach-casaid a' chrùin gu co-dhùnadh neo-eisimeileach am bu chòir cùis a dhol air beulaibh cùirte. Cha tèid cùis gu cùirt ach nuair a tha an neach-casaid a' creidsinn gu bheil fianais gu leòr ann gun deach eucoir a dhèanamh leis an neach fo chasaid. Ma tha an neach fo chasaid ag agairt 'neo-chiontach', bidh cùis-chùirte ann agus feumaidh luchd-fianais am fianais a thoirt seachad.

Gnothaichean cùirte èisteachdan cloinne

Nì neach-aithris na cloinne co-dhùnadh neo-eisimeileach am bu chòir cùis a dol

air beulaibh èisteachd cloinne. Thèid cùis èisteachd cloinne don chùirt mura h-eil na daoine a tha an sàs innte ag aontachadh mu na thachair no ma tha an leanabh ro òg airson tuigsinn.

Ciad-cheasnachadh

Nuair a tha neach-casaid a' chrùin no neach-lagha dìona a' deasachadh cùis eucoir ann an gnothaichean sòlamaichte, dh'fhaodadh gun cuir e/i litir (air a bheil 'gairm' cuideachd) thugad ag iarraidh ort a dhol gu coinneamh far an tèid aithris a ghabhail bhual. Is e aithris ciad-cheasnachaidh an t-ainm a th' air an aithris seo.

Ma thèid iarraidh orra, feumaidh luchd-fhianais aithris ciad-cheasnachaidh a dhèanamh.

Mar as trice bidh an neach-aithris ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne a' cleachdadh aithisgean agus aithrisean cùl-fhiosrachaidh airson a' chùis a dhearbhadh, ach uaireannan is dòcha gum bi iad airson coinneachadh leat airson a' chiad-cheasnachaidh no deasachadh eile.

Is mathaid gum bi luchd-lagha eile airson bruidhinn riut, as leth an neach fo chasaid no neach eile a tha an lùib na cùise. Tha

seo na phàirt àbhaisteach de dheasachadh airson cùise-cùirte.

Faodaidh tusa cantainn càite agus cuin a choinnicheas tu ris an luchd-lagha. Ma tha ceist sam bith agad mu na coinneamhan seo, faighnich don neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Ann an cuid de chùisean, cha bhi neach-lagha aig neach fo chasaid ann agus is e e/i fhèin a nì agallamh leis an luchd-fhianais. Ma thachras seo, agus nach eil thu cinnteach dè a nì thu no ma tha dragh sam bith ort mu dheidhinn, bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Ceann-latha na cùirte

Ron a' chùis-chùirte, gheibh thu gairm no litir ag innse dhut ceann-latha airson toiseach na cùise-cùirte.

Is e sanas foirmeil a th' anns a' ghairm seo gu feum thu a thighinn don chùirt nad neach-fhianais. Feumaidh tu aire a thoirt dha.

Tha e cudromach gun nochd thu aig an uair agus anns an àite a thèid ainmeachadh sa ghairm.

Innis don neach-chasaid, neach-aithris cloinne no neach-lagha sa bhad ma tha e gu bhith duilich dhut a bhith an làthair air a' cheann-latha a tha sa ghairm, mar

eisimpleir, ma dh'fheumas tu a bhith aig an ospadal air an latha sin. Bu chòir dhut bruidhinn riutha cuideachd ma tha ceistean agad no dragh ort mun ghairm no mu a bhith a' nochdadh sa chùirt.

Ma thèid do ghairm mar neach-fianais, feumaidh tu nochdadh sa chùirt.

Ann an cùis-chùirte eucoir agus cùis-chùirte èisteachd cloinne mura nochd thu dh'fhaodadh gun cuir a' chùirt sumanadh no barrantas-grèim a-mach air do shon.

Ma tha dragh ort mu a bhith a' toirt seachad fianais, bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fianais.

A' deasachadh airson na cùirte – na dh'fheumas tu a dhèanamh

Ann an iomadh cùis, bidh an neach fo chasaid eucoir ag agairt gu bheil e/i ciontach, agus chan fheum an luchd-fhianais a thighinn don chùirt a thoirt seachad am fianais. Ach ma tha an neach fo chasaid ag agairt gu bheil iad neo-chiontach, is dòcha gum bi cùis-chùirte ann, agus gu feum a' chùirt cluinntinn bho luchd-fhianais mar thu fhèin.

Anns an aon dòigh ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne is dòcha gun aontaich a h-uile duine a tha an sàs sa chùis agus thèid a rèiteach. Nuair nach eil seo a' tachairt feumaidh a' chùirt fianais a chluinntinn.

Feumaidh am brithemh no siorram luchd-fhianais a bheir seachad fianais le a bhith a' freagairt cheistean gus am faigh a'

chùirt beachd air dè a thachair. Mura biodh luchd-fhianais ann cha bhiodh fios aig a' bhritheamh (no an diùraidh) dè a thachair agus cha b' urrainn dhaibh a thighinn gu co-dhùnadh slàn aig deireadh na cùise.

Dè ma bhios mi ag obair?

Ma tha thu nad neach-fhianais, is dòcha gum feum thu tide dheth bhon obair. Bu chòir dhut innse don neach-fastaidh agad sa bhad gun deach do ghairm mar neach-fhianais. Mura h-eil an neach-fastaidh agad deònach do leigeil dheth airson a dhol don chùirt, innis don neach a ghairm thu mar neach-fhianais anns a' bhad. Ma chailleas tu pàigheadh faodaidh tu seo iarraidh air ais bhon neach-chasaid, neach-aithris no neach-lagha,

a ghairm thu, ged a tha crìoch air na dh'fhaodas tu iarraidh.

Dè ma dh'fheumas mi cùram-cloinne?

Chan fhaod clann a dhol do sheòmar-cùirte mura h-e luchd-fhianais a th' annta. Chan eil cùram-cloinne ri fhaighinn anns an taigh-chùirte. Mura h-eil neach-cùraim agad, iarr liosta de na goireasan cùraim-chloinne chlàraichte san sgìre agad bhon

chomhairle no roinn obrach sòisealta. Faodaidh tu cuid de na cosgaisean fhaighinn air ais bhon neach a ghairm thu.

Dè an t-aodach a bu chòir dhomh a chaitheamh?

Chan eil èideadh no stoidhle aodaich ann airson neach-fhianais. Caith aodach a tha comhfhurtail dhut.

Air latha na cùise-cùirte

Nuair a thig thu don chùirt thoirt leat an litir gairm agus seall i don neach aig an deasc-fhàilte. Thèid iarraidh ort suidhe ann am prìomh rùm-feitheimh an luchd-fhianais, is dòcha còmhla ri luchd-fianais eile. Thig oifigeach na cùirte a dh'innse dhut nuair a tha an t-àm ann dhut fianais a thoirt seachad.

Thèid a' mhòr-chuid den luchd-fhianais a-steach don taigh-chùirte tron phrìomh dhoras phoblach. Ma tha dragh mòr ort mu dhol don taigh-chùirte no gum bi thu san aon àite-feitheimh ri neach eile sa chùis, faodaidh, ann an cuid de chùirtean,

cuideigin bhon t-Seirbheis Luchd-fhulaing, VIA, oifis neach-aithris na cloinne no oifigeach cùirte do choinneachadh airson do thoirt a-steach air doras prìobhaideach no leigeil leat feitheamh ann an rùm eile.

Bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fianais mu dheidhinn seo. Faodar gnothaichean a chur air dòigh dhut ro làimh agus nì a h-uile duine an dìcheall gus do chuideachadh, ged nach urrainnear gealltainn nach coinnich no nach faic thu daoine co-cheangailte ris a' chùis fhad 's a tha a' chùis-chùirte no an èisteachd a' dol air adhart.

A' feitheamh

Tha clàr-ama sònraichte aig a h-uile cùis-chùirte èisteachd cloinne gus dèanamh cinnteach gun tèid a' chùis a chluinntinn cho luath 's a ghabhas.

Thathas a' dèiligeadh ris gach cùis eucoir cho luath 's a ghabhas ach uaireannan bheir e ùine mhòr mus tig cuid de chùisean don chùirt. Fiù ged a gheibh thu ceann-latha air a shon dh'fhaodar a chur dheth air iomadh adhbhar. Is dòcha nach gabh seo a sheachnadh agus chan urrainnear dàil innse ro làimh. Uaireannan tha dàil gu math sàrachail do luchd-fianais agus teaghlaichean.

Uaireannan nochdaidh trioblaid air an latha, leithid gu bheil cuideigin tinn.

Dh'fhaodadh gun iarrar ort tilleadh air latha eile. Feuchaidh a' chùirt ris an ùine a tha thu a' feitheamh a lùghdachadh uiread 's a ghabhas.

Ma tha dàil a' cur dragh ort, bruidhinn ris an neach-chasaid, neach-aithris cloinne no neach-lagha a ghairm thu airson a bhith nad neach-fhianais.

Fiù nuair a tha a' chùis air tòiseachadh, faodaidh dàil a thighinn agus feumaidh cuid den luchd-fhianais feitheamh ùine mhòr mus faigh iad cothrom fianais a thoirt seachad. Is dòcha gun toir neach-fianais a tha romhad nas fhaide na bha dùil a' toirt seachad fianais.

a bhith nad neach-fhianais

Dol don Chùirt

Bu chòir dhut rudeigin a thoirt leat a chuireas seachad an tìde dhut leithid leabhar no irisean. Tha café no rùm-bidhe ann an cuid de chùirtean agus tha inneal-reic bidhe is deoch aig a' mhòr-chuid. Ach, bu chòir dhut faighinn a-mach mu dheidhinn seo ro làimh gus an toir thu biadh leat ma dh'fheumas tu e.

Nuair a thòisicheas a' chùis-chùirte agus a tha thu a' feitheamh airson fianais a thoirt seachad, chan fhaod thu bruidhinn mud fhianais ri gin den luchd-fhianais eile a tha an lùib na cùise.

Nuair a tha thusa air an fhianais agad fhèin a thoirt seachad chan fhaod thu tilleadh do rùm-feitheimh an luchd-fhianais.

Aithneachadh

Is dòcha gu bheil thu air aithneachadh a dhèanamh air cuideigin a tha an sàs sa chùis mus tàinig thu don chùirt, aig taisbeanadh aithneachaidh mar eisimpleir. Ma rinn, is dòcha nach tig ort a dhèanamh a-rithist nuair a bheir thu seachad fianais sa chùirt.

Ach ann an cuid de chùisean, thig ort cuideigin aithneachadh sa chùirt ma tha thu a' freagairt cheistean mun deidhinn. Nuair a bheir thu seachad an fhianais agad dh'fhaodadh gun tig iarraidh ort sealltainn timcheall an t-seòmair-chùirte agus an neach a chomharradh ma chì thu iad.

Ma tha seo a' cur dragh ort, bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fhianais. Innsidh iad dhut ma tha càil eile ann as urrainn dhaibh a dhèanamh.

A' toirt na fianais agad seachad

Aon as dèidh a chèile, bidh an luchd-fianais a' toirt seachad fianais ag innse don chùirt dè a dh'fhaodadh a bhith air tachairt no cò air a tha fios aca.

Airson do chuideachadh a' toirt seachad fianais, thèid ceistean a chur ort, mar as trice le neach-casaid a' chrùin, luchd-lagha no neach-aithris na cloinne. Is dòcha gum faighnich am britheamh no an siorram ceistean dhut cuideachd. Dh'fhaodar ceistean a chur ort air rudeigin a dh'fhaodadh a bhith air tachairt dhut no do chuideigin eile, no rudeigin a dh'fhaodadh tu a bhith air fhaicinn no a chluinntinn.

Tha e cudromach fios a bhith agad nach faod neach fo chasaid ceist a chur air neach-fianais ma tha:

- ✧ **an neach fo chasaid eucoir a' buntainn ri coire feise; no**
- ✧ **a' chùirt a' co-dhùnadh gu bheil sin a' dol a dhèanamh cron air neach-fianais so-leònte.**

Mus toir thu seachad d' fhianais feumaidh tu bòid chràbhach a thoirt seachad no gealltainn gun innis thu an fhirinn. Ma bheir thu bòid gabhaidh a' chùirt sùim den chreideamh agad.

Bidh an ùine a bheir thu a' toirt seachad fianais an urra ris na tha agad ri innse don chùirt agus an uiread cheistean a thèid fhaighneachd dhut.

Sgrùdadh agus ath-sgrùdadh

Gheibh an neach-casaid no neach-aithris cloinne agus gach neach-lagha cothrom ceistean a chur ort airson do chuideachadh ag innse na tha fios agad don chùirt agus airson na freagairtean agad a shoilleireachadh. Seo an sgrùdadh agus an ath-sgrùdadh.

Èist gu cùramach agus dèan do dhìcheall freagairtean cho pongail 's is urrainn dhut a thoirt seachad.

Mar neach-fianais, feumaidh tu an fhirinn innse agus a h-uile càil as urrainn dhut innse don chùirt.

Uaireannan bidh ceist duilich a freagairt. Cuimhnich gu bheil a' chùirt eòlach air fianais a chluinntinn bho iomadh seòrsa neach-fhianais agus tuigidh iad gu bheil cuid de cheistean nas duilghe am freagairt na feadhainn eile. Gabh air do shocair agus innis an fhirinn.

Tha e air leth cudromach gun innis luchd-fianais an fhirinn an còmhnaidh fhad 's a tha iad a' toirt seachad fianais.

Ma dh'innseas neach-fhianais breug dh'fhaodadh casaid eucoir a bhith air a thogail nan aghaidh.

Ma tha eagal ort dè a thachras dhut ma dh'innseas tu an fhìrinn mu chuideigin, agus ma tha thu an-fhoiseil agus iomagaineach mu a bhith a' toirt seachad fhianais air adhbhar sam bith, innis don neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Mar as trice thèid iarraidh air neach-fhianais seasamh fhad 's a tha iad a' toirt seachad fhianais ach faodaidh tu iarraidh suidhe mura h-urrainn dhut seasamh ùine mhòr air sgàth aois no droch shlàinte. Faodaidh tu cuideachd cead suidhe iarraidh bhon bhrìtheamh no bhon t-siorram aig àm sam bith ma tha thu a' fàs mì-chomhfhurtail.

Nuair a tha thu a' toirt seachad fhianais, bruidhinn a-mach gus an cluinn am brìtheamh no siorram agus an luchd-lagha thu ceart agus nach tig orra iarraidh ort rud a ràdh a-rithist.

Ann an cuid de chùisean, thèid a h-uile càil a thachras sa chùirt a chlàradh air teip. Seo adhbhar eile airson bruidhinn gu soilleir. Tha e cuideachd a' ciallachadh nach urrainn dhut dìreach do cheann a ghnogadh no a chrathadh.

Mar as trice, thèid iarraidh ort d' ainm innse ach is dòcha nach tig ort do sheòladh innse, mura h-eil e na phàirt bhunaiteach den fhianais, mar eisimpleir, mas ann an-sin a thachair an eucoir a tha ri dhearbhadh. Ma tha e a' cur dragh ort, air adhbhar sam bith, gum faodar do sheòladh a leughadh a-mach sa chùirt bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Mura h-eil thu a' tuigsinn ceist tha e ceart gu leòr cantainn nach eil thu a' tuigsinn. Na dèan tuairmse air idir. Iarr air an neach-cheasnachaidh a' cheist a mhìneachadh no a chur ann an dòigh eile gus an tuig thu ceart. Anns an aon dòigh, ma tha e follaiseach dhut nach eil cuideigin sa chùirt air an fhreagairt agad a thuigsinn ceart bu chòir dhut seo innse dhaibh.

Mura h-urrainn dhut ceist a fhreagairt airson gu bheil thu air diochuimhneachadh, innis seo.

Anns a h-uile cùirt, tha e mar dhleastanas air a' bhritheamh no air an t-siorram math an luchd-fhianais a dhìon.

Bu chòir dhut bruidhinn don bhritheamh no don t-siorram ma tha càil a' cur dragh ort mun dòigh ceasnachaidh no ma tha thu a' fàs mì-chomhfhurtail.

Is dòcha gum bu toil leat bruidhinn mu dheidhinn ciamar a dhèanadh tu seo ris an neach a ghairm thu mar neach-fhianais.

Cuimhnich gur e an fhianais agad fhèin a dh'fheumas tu innse don chùirt. Feumaidh a' chùirt cluinntinn na tha agad ri ràdh nad fhaclan fhèin. Cha bu chòir do dhuine sam bith innse dhut dè a chanas tu. Feumaidh tu an fhìrinn innse an còmhnaidh fhad 's a tha thu a' toirt seachad fianais.

As dèidh dhut an fhianais agad a thoirt seachad

Nuair a tha an luchd-lagha deiseil den cheasnachadh, innsidh am britheamh no an siorram dhut gu bheil thu deiseil agus gu faod thu falbh.

Tha d' àm mar neach-fianais seachad agus chan eil e coltach gun tèid iarraidh ort tilleadh.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, ma tha a' chùis mu dheidhinn an leanaibh agad fhèin agus buntainneas agad ris a' chùis faodaidh tu fuireach tron ghnothach. Faodaidh tu seo a dhèanamh soilleir leis an neach-aithris cloinne.

Ann an cùisean eucoir, ma tha an fhianais agad seachad, is dòcha gum bi thu airson suidhe sa ghaileiridh phoblach ag èisteachd ris a' chòrr den chùis-chùirte. Cuimhnich gum bi a' chùirt uaireannan ag iarraidh air muinntir a' phobaill a dhol a-mach nuair a tha cuid de luchd-fianais a' bruidhinn. Feuch gum faighnich thu do luchd-obrach na cùirte am faod thu a dhol a-steach don àite phoblach nuair a tha thu deiseil a' toirt seachad fianais.

Deireadh na cùise-cùirte

Chan urrainnear innse dè cho fada 's a bhios cùis-chùirte sam bith. Bidh cuid a' leantainn latha a-mhàin agus feadhainn eile a' leantainn grunn làithean no seachdainean no nas fhaide. Mar as trice bidh e an urra ri cò mheud neach fianais a th' ann agus dè cho fada 's a bheir gach neach-fianais a' toirt seachad fianais.

Nuair a thèid a h-uile neach-fianais a chluinntinn, feumaidh am britheamh/siorram (no diùraidh) breithneachadh air a' chùis.

Ann an cùis eucoir, seo na breithean a dh'fhaodadh a bhith ann:

✦ **Ciontach:** Tha seo a' ciallachadh gu robh fianais gu leòr ann gus dearbhadh 'thar teagaimh reusanta' gun do rinn an neach fo chasaid an eucoir no pàirt den eucoir. Bidh am britheamh an uairsin a' beachdachadh air binn no ceannsachadh.

✦ **Neo-dhearbhte no neochiontach:** Tha seo a' ciallachadh nach robh fianais gu leòr ann a' chùis a dhearbhadh 'thar teagaimh reusanta', no gu robh adhbharan àraidh ann nach deach an neach fo chasaid fhaighinn ciontach. Tha an aon bhuil aig an dà bhreith – faodaidh an neach fo chasaid falbh agus chan fhaodar a thoirt gu cùirt airson na h-eucoir sin a-rithist.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, is e an siorram a cho-dhùineas dè a chaidh a dhearbhadh, dè a chaidh a stèidheachadh agus am bu chòir a' chùis a chur air ais don èisteachd cloinne airson co-dhùnadh dè a thachras don leanabh.

Ann an cùis eucoir, innsidh cuideigin dhut a' bhuil aig ceann a' ghnòthaich.

Ann an cùis-chùirte èisteachd cloinne, tha prìobhaideachd an leanabh ga dhìon agus dh'fhaodadh gun tèid fiosrachadh a chumail air ais.

Ma tha thu airson bruidhinn ri cuideigin no ma tha thu ag iarraidh mìneachadh air co-dhùnadh no binn, cuir fios gu an neach-casaid/VIA, neach-aithris na cloinne no an neach-lagha, ge bith cò a ghairm thu nad neach-fhianais. Bheir iadsan dhut uiread fiosrachaidh 's a tha ceadachd dhaibh.

Ma tha thu ag iarraidh chosgaisean, gheibh thu fiosrachadh air cùl na litreach-gairm. Nuair a lionas tu seo faodaidh tu cosgaisean fhaighinn bhon neach a ghairm thu nad neach-fhianais - an neach-casaid ionadail, neach-aithris na cloinne no neach-lagha an dìona. Uaireannan faodaidh tu cosgaisean fhaighinn bhon chùirt ionadail.

Cuideachadh eile a tha ri fhaighinn

Airgead Diolaidh airson Leòin

Eucoirich: Ma dh'fhuiling thu eucoir fòirneartach is dòcha gum bi thu a' beachdachadh air cur a-steach airson airgead diolaidh.

Gheibh thu foirm iarrtais bho:

The Criminal Injuries Compensation
Authority (CICA)
Taigh Thatha
300 Sràid Bath
Glaschu
G2 4LN
Fòn: 0141 331 2726

Ma dh'fheumas tu cuideachadh leis an fhoirm cuir fios air oifis Taic Luchd-fhulaing san sgìre agad no neach-lagha.

Sgeama Fiosrachaidh Luchd-fhulaing:

Ma dh'fhuiling thu eucoir agus ma chaidh an neach fo chasaid a chur don phrìosan airson ceithir bliadhna no nas fhaide, faodaidh tu pàirt a ghabhail san Sgeama Fiosrachaidh Luchd-fhulaing. Tha seo ag innse do luchd-fhulaing agus an teaghlaichean mu cuin a tha neach fo chasaid a' faighinn a-mach às a' phrìosan. Ma tha còir agadsa air seo gheibh thu litir agus bileag bho VIA.

a bhith nad neach-fhianais

Dol don Chùirt

Taic Luchd-fhulaing na h-Alba: Anns a' h-uile cùis, dh'fhaodadh tu bruidhinn ris na seirbheisean taice ionadail. Innsidh loidhne-chuideachaidh Taic Luchd-fhulaing na h-Alba dhut mun oifis ionadail agad, Fòn: 0845 603 9213.

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh mu na seirbheisean ionadail seo bho Sheirbheis an Luchd-fhianais no VIA.

Loidhne-chuideachaidh Teaghlaichean Phrìosanach na h-Alba: Ma tha thu càirdeach do neach fo chasaid a dh'fhaodar a chur don phrìosan agus feum agad air fiosrachadh no cuideigin ris am bruidhinn thu, fònaig an Loidhne-chuideachaidh an-asgaidh air 0500 83 93 83.

Ceistean no beachdan eile

Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh gu lèir agad a dh'fheumas tu mus tig latha na cùise-cùirte. Mar eisimpleir, càite a bheil an taigh-cùirte no rùm ceangail-telebhisein agus ciamar a gheibh thu ann.

Dh'fhaodadh e a bhith na chuideachadh dhut ceistean sam bith a th' agad mu a bhith nad neach-fhianais a sgrìobhadh sìos gus am bruidhinn thu ris an neach-casaid/VIA, neach-lagha, neach-aithris no an neach a sheallas a' chùirt dhut.

Sgrìobh na ceistean air an duilleig-notaichean aig deireadh an leabhra seo.

Is dòcha gum bi thu cuideachd ag iarraidh do bheachd a thoirt seachad air ciamar a chuidich an t-seirbheis thu agus ciamar a ghabhadh a leasachadh

Ma tha beachdan agad a shaoileas tu a bhiodh feumail do luchd-fianais eile san àm ri teachd, innis iad don neach-chasaid/VIA, neach-aithris no neach-lagha.

Is dòcha gun iarr Seirbheis an Luchd-fhianais do bheachdan cuideachd.

Rudan a bu chòir cuimhneachadh orra

Tha a h-uile duine a tha ag obair gus a' chùis a thoirt don chùirt a' tuigsinn gur mathaid gur e àm duilich a tha an seo dhut. Bruidhinn riutha ma tha dragh no eagal ort. Tha iad ann airson do chuideachadh.

- * Ma tha ceist agad mu rud sam bith san leabhar seo no ma tha thu mì-chinnteach mu rud sam bith eile, bruidhinn ris an neach a ghairm thu mar neach-fhianais.
- * Mura deach turas don chùirt a thabhannt ort, iarr fear a dh'aithghearr.

Is e an obair as cudromaiche a th' agad mar neach-fhianais an fhìrinn innse don chùirt mu rud sam bith air a bheil fios agad.

Tapadh leat

Ainmean agus àireamhan feumail

Oifigear Poileis:

Neach-aithris na Cloinne:

Neach-lagha:

Seirbheis Luchd-fhianais:

Neach-casaid a' Chrùin:

Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fhulaing (VIA):

Taic Luchd-fhulaing na h-Alba:

Buidhnean eile:

Dol don Chùirt

Beag-fhaclair

Anns a' chùirt, bidh daoine a' chleachdadh fhaclan a dh'fhaodadh a bhith duilich a thuigsinn. Seo liosta de chuid aca:

neach fo chasaid

neach air beulaibh cùirte agus e ga fhàgail air/oirre gun do bhris e/i an lagh.

leas-neach-tagraidh

neach-lagha casaid ag obair airson Oifis a' Chrùin agus a' nochdadh san Àrd-chùirt - faic neach-casaid a' chrùin.

daingneachadh

gealladh gun innsear an fhirinn (faic bòid).

contagairt

rud a tha cuideigin ag ràdh a thachair.

casaid

an eucoir a thathar a' cur as leth an neach fo chasaid.

èisteachd cloinne

seo nuair a choinnicheas panail na cloinne, an teaghlach, an leanabh agus daoine eile a bhruidhinn mu dhragh mun leanabh a chaidh a dhearbhadh sa chùirt.

cùis-chùirte èisteachd cloinne

an gnìomh laghail sa chùirt nuair a tha luchd-fianais a' toirt seachad fianais airson no an aghaidh cùis an neach-aithris a dh'fheumas a dhearbhadh no aontachadh mus tachair èisteachd cloinne sam bith.

neach-aithris na cloinne

an neach a thaisbeanas a' chùis-chùirte èisteachd cloinne agus a dh'iarraas air luchd-fianais a thighinn. Bidh iad a' faighneachd cheistean sa chùirt agus a' coimhead as dèidh math an leanaibh ach cha bhi iad a' riochdachadh an leanaibh.

gairm

am foirm no an litir oifigeil ag innse do neach-fianais a dhol do chùirt àraidh air latha àraidh.

clàrc (na cùirte)

an neach a chumas pàipearan agus clàran na cùirte.

dèanamh eucoir

briseadh an lagha.

gearan

aithris a' cur as leth cuideigin gun do bhris iad an lagh – uaireannan is e sgrìobhainn-chùirte a th' ann cuideachd a' mineachadh na h-eucoir a tha ga cur as leth an neach fo casaid.

ath-sgrùdadh

ceasnachadh bhon luchd-lagha eile nuair a tha an neach a dh'iarr air an neach-fianais a thighinn don chùirt deiseil – faic (prìomh) sgrùdadh.

Oifis a' Chrùin

a' bhuidheann a bhios a' toirt chùisean don chùirt – an luchd-casaid.

cùis-chùirte

deuchainn sa chùirt.

oifigeach cùirte (uaireannan is e macer an t-ainm a th' air/oirre)

an neach a chuidicheas am brìtheamh le cùisean pragtaigeach, m.e. bidh iad a' toirt gach neach-fianais a-steach don chùirt.

turas aithneachaidh air a' chùirt

turas don chùirt ron chùis-chùirte gus am faic an neach-fianais co ris a tha cùirt coltach agus gus an ionnsaich iad tuilleadh mu dhòighean-obrach na cùirte.

neach-lagha/neach-tagraidh an dìona

neach-lagha a riochdaicheas agus a chuidicheas neach fo chasaid anns a' chùirt .

fianais

na chanas neach-fianais sa chùirt – agus cuideachd rudan mar dhealbhan-camara, aodach no dealbhan-pinn a tha gan toirt don chùirt a shealltainn dè a thachair. Faic taisbeanaidhean.

(prìomh) sgrùdadh

ceasnachadh leis an neach-lagha a dh'iarr air an neach-fhianais a thighinn don chùirt. Bidh an neach-lagha seo a' cur cheistean air an neach-fhianais an toiseach, ro neach-lagha sam bith eile – faic ath-sgrùdadh.

aithneachadh

nuair a chomharraicheas neach-fhianais an neach air an robh iad a' bruidhinn – uaireannan tha seo a' tachairt ron chùis-chùirte agus uaireannan anns a' chùirt fhèin.

sgrìobhadh-casaid

sgrìobhainn-chùirte san Àrd-chùirt no cùirt siorraim agus diùraidh – a' mìneachadh na h-eucoir a tha ga cur as leth an neach fo chasaid.

britheamh

an neach os cionn cùise-cùirte san Àrd-chùirt a stiùireas na tha a' tachairt san t-seòmar-chùirte - faic siorram.

diùraidh

còig duine deug – fireannaich agus boireannaich - (luchd-diùraidh) a bhios ag èisteachd ris an fhianais agus a' co-dhùnadh a bheil neach fo chasaid ciontach no nach eil.

bòid

gealladh cràbhach a bhios neach-fhianais a' toirt seachad gun innis iad an fhìrinn nuair a bheir iad seachad fianais sa chùirt – faodaidh neach-fhianais gealltainn an fhìrinn innse gun bhòid (faic daingneachadh) – faodaidh tu faighneachd mu dheidhinn seo.

agairt

an fhreagairt a bheir an neach fo chasaid sa chùirt aig toiseach na cùise-cùirte nuair a thèid faighneachd dhaibh a bheil iad ciontach no neochiontach.

ciad-cheasnachadh

agallamh eadar neach-fhianais agus neach-casaid a' chrùin, neach-aithris na cloinne no luchd-lagha an dìona airson an deasachadh airson na cùise-cùirte.

neach-casaid a' chrùin

neach-lagha ag obair airson taobh na casaid – faic Oifis a' Chrùin. Bidh iadsan a' co-dhùnadh an toir iad cùis don chùirt.

cur casaid

gnìomh lagha airson cuideigin a thoirt don chùirt – faic neach-casaid a' chrùin agus Oifis a' Chrùin.

taisbeanaidhean

na rudan a tha gan sealltainn sa chùirt mar fhianais leithid litrichean no aodach.

dionadair

neach neo-eisimeileach a choimheadas as dèidh math leanaibh.

binn

co-dhùnadh a' bhritheimh an dèidh don neach fo chasaid fhaighinn ciontach gun do bhris iad an lagh – is dòcha gur e ceannsachadh an neach fo chasaid a bhios ann.

siorram

an t-ainm airson britheamh ann an cùirt an t-siorraim.

obraiche sòisealta

neach a bhios ag obair còmhla ri clann agus inbhich nuair a dh'fheumas iad cuideachadh a bharrachd no sùil a chumail orra.

uidheamachadh àraidh

dòighean eadar-dhealaichte airson neach-fhianais a tha na leanabh no so-leònte a chuideachadh gus fianais a thoirt seachad m.e. ceangal-telebhisein no sgrìn – faic neach-taice.

aithris

clàradh a nì am poileas air dè a thuirt neach-fhianais.

neach-taice

neach a dh'fhuiricheas còmhla ri neach-fhianais nuair a tha iad a' toirt seachad fianais – faic uidheamachadh àraidh.

deuchainn

an gnothach laghail sa chùirt nuair a tha luchd-fhianais a' toirt seachad fianais ann an cùis eucoir.

breith

an co-dhùnadh aig deireadh cùise-cùirte.

neach-fhianais

neach aig a bheil, is dòcha, fiosrachadh mu rudeigin agus a thèid a ghairm don chùirt airson innse mu dheidhinn – faic fianais.

a bhith nad neach-fhianais

Dol don Chùirt

Na notaichean agad